

An Talla 'm bu Ghnàth le MacLeóid



Rìgh! gur muldach tha mi,
'S mi gun mhìreadh gun mhànràn,
Anns an talla 'm bu ghnàth le
MacLeóid,
Rìgh! ȣc.

Taigh mòr macnasach meagrach,
Nam maca 's na maighdeann,
Far 'm bu tartarach gleadhraich
nan còrn,
Taigh mòr ȣc.

Tha do thalla mòr priseil,
Gun fhasgadh gun dìon air,
Far am faca mi 'm fìon 'bhith 'ga
òl,
Tha do thalla ȣc.

Och mo dhiobhail mar a thachair,
Thàinig dil' air an aitreabh,
'S ann as cianail leam tachairt 'na
chòir,
Och mo dhiobhail ȣc.

Shir Tormaid nam bratach,
Fear do dhealbh-sa bu tearc e,
Gun sgeilm a chur asad no bòst,
Shir Tormaid ȣc.

Fhuair thu teist as deagh urram,
Ann am freastal gach duine,
Air dheiseachd 's air uirgheall
beòil,
Fhuair thu teist ȣc.

Leat bu mhiannach coin lùthmhor,
Dol a shiubhal nan stùc-bheann,
'S an gunna nach diùltadh rè h-òrd,
Leat bu mhiannach ȣc.

'S i do làmh nach robh tuisleach,
Dol a chaitheamh a' chuspair,
Le d' bhogha cruaidh, ruiteach,
deagh-neòil,
'S i do làmh ȣc.

Glac throm air do shliasaid,
An déidh a snàitheadh gun
fhiaradh,
'S bàrr dosrach de sgiathaibh an
eòin,
Glac throm air ȣc.

Bhiodh céir ris na crannaibh,
Bu neo-eisleanach tarraing,
Nuair a leumadh an t-saighead
bho d' mheòir,
Bhiodh céir ȣc.

Nuair a leigteadh bho d' làimh i,
Cha bhiodh òirleach gun bhàthadh,
Eadar corran a gàine 's a smeòirn,
Nuair a leigteadh ȣc.

Ceud soiridh le dùrachd,
Bhuam gu leannan an t-sùgraidh,
Gum b'e m' aighir 's mo
rùn 'bhith 'gad chòir,
Ceud soiridh ȣc.

'N àm dhut tighinn gu d' bhaile,
'S tu bu tighearnail gabhail,
Nuair shuidheadh gach caraid mu
d' bhòrd,
'N àm dhut ȣc.

Bha thu measail aig uaislean,
'S cha robh beagan mar chruas ort,
Siud an cleachdadh a fhuair thu 'd
aois òg,
Bha thu measail ȣc.

Gum biodh faram air thàilìg,
Agus fuaim air a' chlàrsaich,
Mar a bhuineadh do shàr mhac
MhicLeóid,
Gum biodh faram ȣc.

Gur e b' eachdraidh 'na dhéidh sin,
Greis air ùisgeul na Féinne,
Is air cuideachd a chéir-ghil nan
cròc,
Gur e b' eachdraidh ȣc.